


# Bìoball airson na Cloinne

## A'cur fan comhair



# Àm eagallach do Ìosa



Sgrìobhte le: Edward Hughes

Dealbhan le: Byron Unger; Lazarus  
Alastair Paterson

Eadar-theangaichte le: M. Maillot; Sarah S.

Air eadar-theangachadh le:  
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill


Dèanta le: Bible for Children  
[www.M1914.org](http://www.M1914.org)

©2025 Bible for Children, Inc.

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,  
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.


1

Nuair a chaidh  
Ìosa a bhaisteadh,  
bhruidhinn Dia.  
Thuirt e, "Seo Mo  
Mhac gràdhach.  
Tha mi glè  
thoilichte leis."  
Thàinig SPIORAD  
NAOMH Dhè  
a-nuas air Ìosa  
mar chalman.




2

Goirid às dèidh seo, thug Spiorad Naomh Dhè Ìosa a-mach don fhàsach. Bha Ìosa na aonar.



3

Cha do dh'ith Ìosa dad airson ceathrad latha. Bha an t-acras mòr, mòr air.




4

Tha am Bioball ag ràdh gu robh beathaichean fiadhaich ann cuideachd.



5

Thàinig an Sàtan a bhuaireadh Ìosa. O chionn fhada bha e air Àdhamh agus Eubha a bhuaireadh gus a dhol an aghaidh Dhè ann an Gàrradh Eden. Nis bhiodh Ìosa air a dhearbhadh.



6

Bha an Sàtan fiu 's a' feuchainn ri Mac Dhè, Ìosa, a bhuaireadh.



7

"Mas Tu Mac Dhè," thuirt an Sàtan, "tionndaidh na creagan seo do aran." Bha fhios aige gu robh an t-acras air Ìosa. Bha fhios aige gum b' urrainn do Mhac Dhè creagan a thionndaidh gu aran. An dèanadh Ìosa mar a thuirt an Sàtan?




8

Cha dèanadh! Cha ro rinn Ìosa mar a thuir an Sàtan. An àite sin, thug e freagairt dha bho Fhacal Dhè. "Cha ann le aran a-mhàin a bhios daoine beò, ach leis gach uile fhacal a thig o bheul Dhè."




9

An uair sin, thug an Sàtan Ìosa do bhaile mòr Ierusalem, do fhìor mhullach an teampaill naoimh far an robh daoine ag adhradh do Dhia. Dè dhèanadh an Sàtan a-nis?



10

"Mas Tusa Mac Dhè, tilg Thu fhèin sìos," thuir an Sàtan. "Tha Fhacal ag ràdh gun sàbhail a ainglean Thu."



11

"Cha tilg!" fhreagair Ìosa. "Tha e cuideachd sgrìobhte ...'Cha bhuair thu an TIGHEARNA do Dhia."



12



Dh'fheuch an Sàtan a-rithist. Thug e Ìosa a-mach às a' bhaile gus mullach beinne àirde.


13

A' sealltainn glòir gach rìoghachd air thalamh do Ìosa, thuir an Sàtan, "Bheir mise Dhut a h-uile càil a tha seo, ma thuiteas Tu sìos agus ma nì Thu adhradh dhòmhsa!"




14

"Theirig air mo chùl, a Shàtain!" thuirt Ìosa. "Tha e sgrìobhte... 'Bheir thu adhradh don TIGHEARNA do Dhia, agus Dhàsan na aonar nì thu seirbheis.'"



15

Dh'fhàg an Sàtan Ìosa às dèidh greis. An uair sin thachair rudeigin mìorbhaileach. Chuir Dia ainglean a thoirt cofhurtachd do a mhac, Ìosa - nach do rinn mar a dh'iarr an Sàtan air.



16

Àm eagallach do Ìosa

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,  
Am Bìoball, ri

Mata 4, Lùcas 4

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:  
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."  
Salm 119:130

17

A' Chrìoch

38

60

18

Tha sgeul a' Bhiobaill ag innse dhuinn mu ar Dia mhìorbhaileach a chruthaich sinn agus a tha ag iarraidh gum bi thu eòlach Air.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh, ach tha gaol cho mòr aig Dia ort gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, agus a dh'fhulang airson nam peacaidhean agadsa. An uair sin thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E dhachaigh a Nèamh! Ma bhios tu a' creidsinn ann an Ìosa agus ag iarraidh Air do pheacaidhean a mhathadh, nì E sin! Thig E a thàmh annad an-dràsta, agus bidh tu beò còmhla Ris gu bràth.

Ma tha thu a' creidsinn gur e seo an fhìrinn, can seo ri Dia: Ìosa chaoimh, tha mi a' creidsinn gur Tusa Dia agus gun tàinig thu don talamh a bhàsachadh air mo sgàth, agus gu bheil Thu beò a-rithist. Thig nam bheatha agus maith dhomh mo pheacaidhean agus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus aon latha gun tèid mi a dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith gad leantainn agus a bhith beò air Do sgàth mar Do leanabh. Amen.

Leugh am Bìoball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha! Eòin 3:16

19